

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

Bidh sibh eòlach air faclan Beurla a thàinig às a’ Ghàidhlig bho thùs – rudan mar *whisky, bard, cairn, ben, loch, kerfuffle* is mar sin air adhart. *Kerfuffle?* Uill, a rèir an fhaclair Bheurla agam, a tha ag innse dhomh gu bheil an gnìomhair *kerfuffle* a’ ciallachadh “*to put into disorder or disarray*”, thàinig pàirt co-dhiù dhen fhacal bhon Ghàidhlig. Tuilleadh mu dheidhinn sin ro dheireadh na Litreach.

An là eile, chuir fear as aithne dhomh, aig a bheil fìor dheagh Ghàidhlig, ceist orm. “Dè a’ Ghàidhlig,” thuirt e, “a th’ air *slogan*?”

“S e ceist a tha sin,” fhreagair mi. “Nach eil fios agad gu bheil a h-uile faclair Beurla ag ràdh gur ann às a’ Ghàidhlig a thàinig am facal *slogan*?”

“Uill,” fhreagair mo charaid, “cha robh fios agam. Agus dè a’ Ghàidhlig a bh’ ann às an tàinig e?”

“A, uill, ma ’s breug bhuam e, is breug thugam e,” thuirt mi, “ach thàinig e à “*sluagh-ghairm*” – mar a bhios *sluagh* neo feachd a’ gairm mus tèid iad gu cath – ‘Beatha neo bàs!’, ‘Fear eil’ airson Eachainn!’, ‘Cruachan!’ is gnothaichean mar sin. *Sluagh-ghairm.*”

“Uhuh,” fhreagair e, “agus dè chanas mi airson *slogan*, ma-thà, agus mi ag eadar-theangachadh pìos Beurla, nuair a tha *slogan* a’ ciallachadh rudeigin a tha sgrìobhte air sanas air botal neo poca plastaig?” Deagh cheist.

Uaireannan tha duilgheadas againn ann an Gàidhlig le bhith ag eadar-theangachadh faclan Beurla a thàinig bho thùs bhon chànan againne. Tha e gu cinnteach fìor mu ainmean-àite. Mar eisimpleir, cluinnear uaireannan daoine a’ bruidhinn mu dheidhinn “Beanntan a’ Chuilthinn” mar eadar-theangachadh air “The Cuillin Hills” nuair is e dìreach “An Cuiltheann” a’ Ghàidhlig cheart. Tha fios againn gur e beanntan a th’ anns a’ Chuiltheann.

Bho àm gu àm cluinnear cuideachd An Càrn Gorm mar eadar-theangachadh air “The Cairngorms” nuair is e “Am Monadh Ruadh” a’ Ghàidhlig cheart air na beanntan sin. Chan eil anns “a’ Chàrn Ghorm” ach aon bheinn anns a’ Mhonadh Ruadh – a’ bheinn far a bheilear a’ togail rathad-iarainn a bhios deiseil airson sgithearan an ceann dà mhìos. Agus tha Dualchas Nàdair na h-Alba air “am Monadh Ruadh” aithneachadh gu h-oifigeil. Tha a’ bhuidheann air moladh don Rìghaltas gum bi ainm dà-chànanach air a’ phàirce nàiseanta a thèid a stèidheachadh ann a sin a dh’aithghearr – *Cairngorms National Park* ann am Beurla, agus Pàirce Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh ann an Gàidhlig. Bidh sinn an dòchas gun gabh an Rìghaltas ris a’ mholadh sin.

A bharrachd air ainmean-àite, bidh sinn uaireannan a’ dìochuimhneachadh nam faclan a chaidh don Bheurla bhon Ghàidhlig. Dh’fhaighnich fear, a bha ag ionnsachadh a’ chànan, a

dhiom turas dè a' Ghàidhlig a bh' air *bog*. Cha robh e air mothachadh gur ann às a' Ghàidhlig "bog" a thàinig *bog*. Feuch "boglach" thuirt mi ris.

Smaoinich e airson mionaid air faclan eile rudeigin coltach ri sin. "Mmm," thuirt e, "is dè a' Ghàidhlig a th' air *shut your gob?* 'Dùin do ghob'?"

Cha robh mi buileach cinnteach co-dhiù 's ann ri mì-mhodh a bha e gus nach ann, ach bha e glè cheart, ged is e "dùin do chab" as trice a chanadh daoine – ma tha iad cho mì-mhodhail 's gu feum iad a leithid a ràdh idir. Ach tha deagh choltas ann gun tàinig *gob* às a' Ghàidhlig "gob".

Ach *kerfuffle?* Chaidh mi a dh'ionnsaigh Faclair Nàiseanta na h-Alba agus, ga rèir, dh'èirich am facal bhon Ghàidhlig "car", *a twist or turn*, agus *fuffle*, facal às a' Bheurla Albannaich a tha a' ciallachadh "*to handle roughly*". Agus dè a' Ghàidhlig a chuireadh sibh air *kerfuffle?* Fàgaidh mi sin agaibh airson meòmhrachadh air anns an t-seachdain a tha romhainn.

* * *

Faclan na seachdaine: bho thùs: *originally*; gnìomhair: *verb*; sluagh-ghairm: *slogan (lit. host-cry)*; uaireannan: *sometimes*; an Cuiltheann: *The Cuillins, Cuillin Hills*; an Càrn Gorm: *Cairn Gorm*; Dualchas Nàdair na h-Alba: *Scottish Natural Heritage*; boglach: *bog, morass*.

Abairtean na seachdaine: tuilleadh mu dheidhinn sin ro dheireadh na Litreach: (*there will be*) *more about that before the end of the Litir*; ma 's breug bhuam e, is breug thugam e: *I am only relating what I have heard (see Litir 24, 29.10.99)*; mar a bhios sluagh neo feachd a' gairm must tèid iad gu cath: *as a host or fighting force cries out before they go into battle*; rudeigin a tha sgrìobhte air sanas air botal neo poca plastaig: *something that is written on an advertisement on a bottle or plastic bag*; tha e gu cinnteach fìor mu ainmean-àite: *it is certainly true about place names*; cluinnear uaireannan daoine a' bruidhinn mu dheidhinn X: *sometimes people are heard speaking about X*; a' bheinn far a bheilear a' togail rathad-iarainn a bhios deiseil airson sgithearan an ceann dà mhìos: *the mountain where a railway is being built, which will be ready for skiers in two months' time*; cha robh mi buileach cinnteach co-dhiù 's ann ri mì-mhodh a bha e gus nach ann: *I wasn't totally sure whether he was being (deliberately) rude or not*; 's gu feum iad a leithid a ràdh idir: *that they must say the like at all*; fàgaidh mi sin agaibh airson meòmhrachadh air: *I'll leave you to contemplate that*.

Puing-ghràmar na seachdaine: An là eile, chuir fear as aithne dhomh, aig a bheil fìor dheagh Ghàidhlig, ceist orm: *the other day, a man I know, who has excellent Gaelic, asked me (posed me a question)*. Note the idiomatic use of the preposition *air* – in Gaelic we "put a question on somebody" eg chaidh ceist a chur air (*he was questioned*), chuir na poilis ceist orra (*the police questioned them*). Note also the use of the verb *cuir* with *ceist*, rather than *faighnich* eg *faighnich de Thormod (ask Norman) but cuir a' cheist air Tormod (ask Norman the question)*. Other examples: *cò bhios a' cur nan ceistean? (who will be posing the questions?)*; 's e Alasdair a chuireas na ceistean (*it's Alasdair that asks the questions*); 's e mi-fhìn a chuireas na ceistean agus tu fhèin a bheir na freagairtean! (*it's me that asks the questions and you that gives the answers!*)

Gnàths-cainnt na seachdaine: dùin do chab!: *shut your mouth! Not to be used unless you are being deliberately rude!*

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig